

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

An Lùnastal 2016 / August 2016

Teachdaireachd bho Bob Kenyon

Bidh taghadh de thachartasan gu math farsaing aig luchd-tadhail Mòd nan Eilean Siar 'nuair nach eil iad aig farpaisean.

Tha tachartas Mac Talla Cogaidh gu bhith againn le ceòl bho Eric Spence- am fear a sgrìobhadh chuid mhòr den cheòl- Seumas Greumach, Linda NicLeòid, Joan Garvin, Kirsteen Menzies agus Còisir Inbhir Pheofarain aig Talla Bhaile Steòrnabhaigh, Diardaoinne 20 Dàmhair aig 5f.

Bidh dràma ùr- Solas- ann aig an Lanntair le Daibhidh Walker Dimàirt 18 Dàmhair, 7.30f. 'S ann mu dheidhinn sgeulachdan Jimmy Swan agus Sgeulachdan Gàidhealaich a sgrìobh Neil Munro a tha an dràma.

Cuideachd aig an Lanntair, bidh cèilidh Àite mo Ghaoil ann Dihaoine le ceòl bho Còmhlàn-ciùil Cèilidh Ghleann Fhionghain, Iain MacAoidh, Art MacCarraig, Kathleen NicAonghais agus Linda NicLeòid.

Air Disathairne 15 Dàmhair bidh tachartas air leth ann, Ar Canan 's ar Ceòl, far am bi naoi còmhlan-ciùil a' cluich.

Thèid cèilidh is dannsa a chumail ann an Talla an Iochdair oidhche Shathairne 15 Dàmhair. Cluinnidh sibh ceòl pìob bho luchd-buannachd farpaisean a' Mhòid, Seumas Greumach agus Rona Lightfoot.

Anns Na Hearadh, thèid tachartas 'Gach Sgeul' a chumail ann an Taigh-staile na Hearadh Diardaoinne 20 Dàmhair. Cuideachd, bidh còmhlàn-ciùil air leth tàlantach, Breabach, a' cluich 'san Lanntair.

Chan eil an seo ach taghadh de na tachartasan a bhios againn aig an Iomall am bliadhna.

Tha sinn an dòchas gun còrd iad ribh.

Bob Kenyon,

Stiùiriche Iomall a' Mhòid

A Message from Bob Kenyon

Visitors to Mòd Eilean an Siar will have a wide choice of entertainment away from the competitions at this year's Royal National Mod.

Mac-Talla Cogaidh, which has already played to capacity audiences at the last two Fringes, will feature Erik Spence- who wrote much of the music, James Graham, Linda MacLeod, Joan Garvin. Kirsteen Menzies and Dingwall Choir in the Stornoway Town Hall on Thursday October 20 at 5pm.

A new drama - Solas - with David Walker- stages at An Lanntair on Tuesday October 18th at 7.30pm. The drama is based on Neil Munro's stories about commercial traveller Jimmy Swan and Highland Folk Tales.

An Lanntair is also the venue for a Friday night ceilidh on October 21st. Aite Mo Ghaoil features the Glenfinnan Ceilidh Band, Ian MacKay, Arthur Cormack, Kathleen MacInnes and Linda MacLeod.

Ar Canan 's ar Ceol on Saturday October 15 in the Sports Hall will be a major draw, featuring nine community music groups. It's a night not to be missed.

There are a number of events outside Lewis with a ceilidh and dance in Iochdar Hall on Saturday October 15th. The concert will include winners from the piping competitions held earlier in the day and performances from James Graham and Rona Lightfoot.

Gach Sgeul - storytelling and traditional music - will be on offer at the Harris Distillery on Thursday October 20. The same night the multi award winning band Breabach play An Lanntair.

These are only some of the events being staged in what promises to be the most extensive Fringe to date and I hope that you enjoy all that we have put together.

Bob Kenyon,

Mod Fringe Director



An Comunn Gàidhealach

Fèis Merchant City | Merchant City Festival

Bha An Comunn Gàidhealach toilichte a bhith na phàirt den Fhèis Merchant City ann an Glaschu far an do chùm Dòmhnall Iain MacIlleDhuinn, cathraiche na comataidh ionadail eagrachaidh airson 2019, còmhraidh le daoine mu dheidhinn nam planaichean airson an tachartais mhòir, ciamar a s' urrainn dha daoine pàirt a ghabhail ann agus carson a bhios Glaschu na aite math dha-rìribh airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.

B' e Dòmhnall Iain fhèin a bhuannaich Bonn Òr a' Chomuinn aig Mòd na bliadhna 'n-uiridh agus chòrd e fhèin is Kirsteen Ghrannnd ris an luchd-èisteachd, a' gabhail dhà neo trì òrain dhaibh aig café Gàidhlig Fèis Merchant City.

An Comunn Gàidhealach were delighted to be part of Glasgow's Merchant City Festival last weekend where Dòmhnall Iain Brown, the chair of the Glasgow 2019 Local Organising Committee discussed some of the plans for the event, how people can take part in the festival and why Glasgow will be the perfect location to host The Royal National Mòd.

Dòmhnall Iain is the current Gold Medallist after winning at Mòd an Òbain last year. Kirsteen Grant and himself delighted the audience by singing a few songs at the festival's Gaelic café.



An Comunn Gàidhealach

Latha Farpais Fosgailte Goilf na h-Alba

Fhuair luchd-obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich agus luchd-obrach saor-thoilteach Meur Inbhir Nis cothrom a dhol chun a' ghoilf aig Caisteil Stuart faisg air Inbhir Nis air an 9mh den Iuchar.

Chòrd an latha ris a h-uile duine- a dh'aoindeoin an droch shìde feasgar!

Bha sinn fortanach bruidhinn fhaighinn air Henrick Stenson a bhuannaich an Open aig Royal Troon seachdainn as dèidh sin.

Bu toil leinn taing a thoirt dha Tormod MacAoidh, Cathraiche Meur Inbhir Nis, airson an eòlas aige air a' chùrsa agus briathrachas a' ghoilf!

Seo agaibh dealbh no dhà bhon latha.



Scottish Golf Open

An Comunn Gaidhealach staff and Inverness Branch volunteers got the opportunity to attend the Aberdeen Asset Management Scottish Golf Open at Castle Stuart, near Inverness on the 9th of July.

The event was enjoyed by all- despite the downpour in the afternoon!

We were even lucky enough to have an exclusive question and answer session with Henrick Stenson who went on to win the Open at Royal Troon the following weekend.

We would like to thank Norman Mackay, Chairperson of the Inverness Branch of An Comunn Gaidhealach, for his expert knowledge of the course and for explaining all of the terminology to the lesser golf-minded!

Here are a few photos from the day.



An Comunn Gàidhealach

Pìosan an Roghainn Fhèin

Taing mhòr a-rithist dhan a h-uile duine a chur thugainn iarrtasan agus pìosan airson an roghainn fhèin airson Mòd na bliadhna seo. Tha sinn air cunntas air loidhne a chur air dòigh air an làrach-lìn dhan h-uile duine agaibh. Ma chur sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo tron làrach-lìn, gheibh sibh a-steach dhan cunntas agaibh mu thràth.

Tha luchd-obrach a' Chomuinn ag obair air na h-iarrtasan agaibh fhathast. Tha seo a' toirt beagan uine agus tha sinn taingeil airson ur foighidinn.

'Mur an do chur sibh a-steach airson farpaisean na bliadhna seo tron làrach-lìn agus ma tha sibh ag iarraidh faighinn a-steach dhan chunntas agaibh, cuiribh fios thugainn: alison@ancomunn.co.uk

Own Choice Pieces

Thank you again to everyone who has submitted their entries and own choice pieces for this year's Mod competitions. An online account has been created for all of this year's Mod competitors. If you entered for this year's competitions online you will already have access to your account.

If you notice in your account that your entries are not yet complete, it will be because we are still working on them. This is a very time-consuming process so we thank you for your patience.

If you did not use the online entry system this year but would like access to your account, please get in touch: alison@ancomunn.co.uk

Farpaisean nach eil a' dol air adhart

Mar a tha e ag innse anns na Riaghailtean, ma bhios farpais sam bith aon-neach no càraid le nas lugha na trìuir farpaisich, dh' fhaodadh nach tèid an fharpais air adhart.

Ma thachras seo, thèid innse do na farpaisich cho luath 's a ghabhas.

Ma tha sibh airson tarraing a-mach à farpais sam bith, feuch gun innis sibh dhuinn cho luath 's a ghabhas, gus nach tèid bh' ur n-ainm dhan phrògram.

Suspended Competitions

As stated in the Rules, competitions with fewer than three competitors in any solo or duet competition may have to be suspended.

Should this be the case, competitors who may be involved in any such competitions will be contacted by An Comunn Gàidhealach.

If you would like to withdraw from any of your competitions, please inform An Comunn Gàidhealach as soon as possible so that your name will not appear in the programme.



An Comunn Gàidhealach

Cuairtean a' Mhòid

Chaidh Seonag, Oifigear a' Mhòid, a-null a Uibhist a Tuath is Deas le Cuairtean a' Mhòid anns a' Chèitein airson beagan blasad de Mhòdan a thoirt gu sgoilearan ann an Uibhist.

Thadhail Seonag, Stephen Drummond- cluicheadair bocsa- agus Janice Simpson- seinneadar- air Sgoil Phaibeil, Chàranais, Loch nam Madadh, Bhaile Mhanaich agus Dalibrog.

Bha uidh mhòr aig a chlann anns na bha iad a' faicinn agus a' cluinntinn agus bi mòran aca a gabhail pàirt aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghachail anns an Dàmhair.

Mod Roadshows

In May, Seonag, Mod Officer, took the Mod Roadshows over to North and South Uist to give the pupils in Uist a taste of the what the Mod has to offer.

Seonag, Stephen Drummond- accordionist- and Janice Simpson- singer- visited Paibel, Cairinish, Lochmaddy, Balivanich and Dalibrog.

The children were very interested in the workshop and will be taking part in the Royal National Mod in October.



An Comunn Gàidhealach

Dreach Clàr-ama Mòd nan Eilean Siar

Tha dreach de laithean is amannan airson farpaisean Mòd nan Eilean Siar rim faotainn bhon Iarach-lìn againn.

Bithibh mothachail gur e dreach a th' ann agus gum b' urrainn na laithean agus/neo na h-amannan atharrachadh.

Cumaibh siùl air an Iarach-lìn againn no Facebook airson atharraichidhean sam bith.

Draft Western Isles Mod Timetable

A draft copy of the dates and times for Mod nan Eilean Siar competitions is now available from our website

Please note that these times are liable to change and can only be used as a rough guide at this stage.

Keep an eye out on our website and Facebook for any changes.

Sgeama Measaidh nan Cairtean Gàidhlig

Cuimhnichibh dèanamh cinnteach ma tha feum agaibh air measadh Gàidhlig a dhèanamh mus gabh sibh pàirt ann an farpaisean.

Cuideachd, cuimhnichibh gu bheil feum aig inbhich a tha airson Bonn Òr a' Chomuinn Ghàidhealaich no Bonn Òr an t-Seann Nòis a dhèanamh air cairt fhaighinn **gach trì bliadhna**.

Faodar iarrrtas a chur dhan a' Chomunn Ghàidhealach airson measadh a dhèanamh aig àm sam bith den bhliadhna 's bidh measadh ri fhaotainn, mar as àbhaist, seachdain a' Mhòid fhèin ann an Steòrnabhagh.

Cha bhi measadh ri fhaotainn anns an t-Sultain ge-ta, leis gu bheil e cho faisg air àm a' Mhòid.

Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh measadh, cuiribh fios gu An Comunn Gàidhealach tro mheadhain post-dealain gu seonag@ancomunn.co.uk neo cuiribh fòn gu: 01463 709 705

Gaelic Testing

Please remember to check if you need a Gaelic testing card in order to compete in the competition that you have entered.

*Please also be reminded that Gold Card holders wishing to compete in the An Comunn Gàidhealach Gold Medal or Traditional Gold senior competitions must have been tested within the **last three years**.*

You can apply to An Comunn Gaidhleach to do your Gaelic assessment at any time of the year. Gaelic assessments will also be available during the week of the Mod in Stornoway, as usual.

Assessments will not be available, however, during September as it is so close to the Royal National Mod.

If you are not sure if you need a Gaelic test, would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic testing, please email seonag@ancomunn.co.uk or phone:

01463 709 705

An Comunn Gàidhealach

Ballrachd a' Chomuinn Ghàidhealaich

Bheil sibh n' ur ball den Chomunn
Ghàidhealaich?

Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh suas
gu 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid – 'se
sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios
sibh a' frithealadh mòran farpaisean thairis air
seachdain a' Mhòid!

Ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach, tadhlaibh
air: www.ancomunn.co.uk

Ballrachd: £15 – Inbhich
£5 - Oileanaich



An Comunn Gaidhlealach Membership

Are you a member of An Comunn
Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a
discount of up to 50% on Mod tickets – that's a big
saving, particularly if you hope to attend a number
of Mod events during the course of the week!

To become a member of An Comunn Gàidhealach,
please visit: www.ancomunn.co.uk

Membership: £15 – Adults
£5 - Students



Taisbeanadh a' Mhòid

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh Gàidhlig againn aig a' Mhòd
a bhios a' ruith fad na seachdain. Bidh measgachadh de
bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le fiosrachadh mu
dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhann. Nam measg
bidh Comhairle nan Leabhraichean agus Acair le
leabhraichean, CDs & DVDs bhon bhùth aca, Clì Gàidhlig,
Sabhal Mòr Ostaig, Alba Aosmhor, Dualchas Nàdair na h-Alba
agus mòran eile. Cuideachd, bidh tachartasan beò, òraidean,
ceòl agus taisbeanaidhean eadar-dhealaichte a' gabhail àite
thairis air an t-seachdain, mar sin dèanaibh cinnteach gun tig
sibh a chèilidh oirnn.

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh post-dealain gu: Alison
NicEanraig - alison@mypinkipromise.co.uk

Mod Exhibition

Each year we have a Gaelic Showcase which runs for
the duration of the Mod, which features a wide
selection of Gaelic and local exhibitors with lots of
information about their products & services. These
include the Gaelic Books Council and Acair who will
have many books, CDs and DVDs to sell, Sabhal Mor
Ostaig, Scottish Natural Heritage and MG Alba with
lots of information, and many more. The week also
features events, demonstrations and readings within a
performance area in the heart of the Showcase so
please pop in and say hello.

If you are interested in booking a stand at the Gaelic
Showcase or for any further information please
contact: Alison Henderson –
alison@mypinkipromise.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Cofaidh is Cabadaich Mheadhain Earra-Ghàidheil

Mid Argyll (Gaelic) Coffee & Chat

Would you like the opportunity to chat in Gaelic? You will be made very welcome whether you are a Gaelic learner or fluent.

When: Tuesday 17th and 31st May, following that, it will be the 2nd and 4th Tuesday of the month.

Location: The Grey Gull Inn, Glenburn Road, Ardrishaig, Argyll PA30 8EU

Time: 5pm



For further information and to check dates please email

midargyllgaelic@gmail.com.

Cuin: Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh air an 17mh agus air an 31mh den Chèitean agus, an deidh sin, air an dàrna agus air a cheathramh Dimàirt gach mìos.

Àite: Taigh-Òsta Grey Gull, Àird Driseig.

Àm: 5f (Còig uairean feasgar.)

Bidh fàilte a' feitheamh oirbh co-dhiù ma tha sibh fileanta no ag ionnsachadh.

Cuiribh post-dealan gu: midargyllgaelic@gmail.com airson tuilleadh fiosrachaidh.

'S dòcha gum bi sinn a' bruidhinn a dh'aithgheàrr!

Lorg obair ùr ann an saoghal na Gàidhlig le Obraichean Gàidhlig
Find a new job in the world of Gaelic with Obraichean Gàidhlig

Tadhail air / Visit: www.obraichean.co.uk

Obraichean
Gàidhlig



An Comunn Gàidhealach

Atharrachaidhean air Earranan Ainmichte 2016 / *Changes to Prescribed Pieces*

Tha earrainnean ainmichte rin ceannach air làrach-lìn a' Chomuinn no faodar na leabhraichean a cheannach anns na h-oifisean againn.

The prescribed pieces for Mòd nan Eilean Siar are available to buy via our website or you can buy hard copies from one of our offices.

Chìthear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seo gu h-ìosal.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

If you have any queries, please do not hesitate to contact Màiri MacLeod at mairi@ancomunn.co.uk

C03

The instructions at the bottom of this page should now read: **Seinnear an t-seist iomlan aig an toiseach a-mhain. As deidh Rann 6, seinnear an t-seist bho Bar 2.**

(The full chorus is sung at the beginning only. After Verse 6, the chorus is sung from Bar 2)

C71 Fuillaigean

Verse 2 - **neo-chumanta** changed to **neo-chumant'**

C72

Page 7 - Bar 21, at the beginning of the lyrics for the verses, **2. 3. 4.** should be **2. 3. 6.**

Page 8 - **Sèist 5** should read **Sèist 5 & 6**

C96 Eilean Leòdhais, tìr nan gaisgeach

Bar 5 - sol fa **ba** should be **fi**

C174

This piece has been changed to '**S cian bho dh'fhàg mi Leòdhas**. Please feel free to use **Seinn ho-ro seinn**, published in the booklet, as your own choice. Please contact the office on 01463 709 705 for the new music.

A300 Loch na h-Òb

The amended version is now available, please contact the office on 01463 709 705.

A306

Bar 23 Sopranos - first note should be a D instead of the F

An Comunn Gàidhealach

A301 Tionndaidh am bàt

Bar 19 - alto - words should read the same as the basses

Bar 21 - bass - add a tie to connect the Gs across the barline

Bar 35 - sops & bass - add a slur to connect C-D on fiamh

“ - bass - add a slur to connect Eb-D on ghnùis

Bar 45 - words should read the same as the basses

A303 Le Chèile

Bar 30 - alto - should be the same as bar 38

Bar 70 - in all parts - change **phrìseil** to **prìseil**

Bar 78 - in all parts - change **geamhradh** to **geamhraidh**

A308 Maoileas Mòr na Guailne

Bars 2, 6, 18 & 22 - in all parts - change **null** to **nall**

Bars 9, 11, 13, 15, 25, 27, 29 & 31 - in all parts - change **Lachdan** to **Lachdann**

Bars 12 (tenor), 16 (tenor), 28 (sops) & 32 (sops) - melody parts **ONLY** - first semi-quaver should be a **G#** rather than an **E#**

A308 Inns Dhòmhsa

Bar 42, 46, 58 & 62 - bass - 3rd beat semi-quaver should be a **low B** rather than an **F#**

C42A

Ann an roinn na h-òigridh anns na h-earranan ainmichte, bu chòir a bhith C42A seach C42. 'S e mearachd rianachd a tha seo. 'S e 'A' ghaoth' am pìos fhèin agus 's ann dha chlann eadar 11-12 a tha an fharpais

Please be aware that in the Junior Section of the Prescribed Pieces booklet, competition C42 should appear as C42A. This is an admin error. The piece is called 'A' ghaoth' and is for competitors aged 11-12.



An Comunn Gàidhealach

Mòdan Ionadail 2016 / Provincial Mods 2016

Muile / Mull

9 - 10 Sultain / September

Barraigh/ Barra

23 - 24 Sultain/ September

Mòd Ionadach na Dreolluinn

Tha foirmean agus clàr farpaisean Mòd Ionadach na Dreolluinn air an làrach-lìn aca.

www.mullmod.org.uk

Cuideachd, bidh e comasach do dhaoine measadh Gàidhlig a dhèanamh aig a' Mhòid air an 10mh là den t-Sultain

Cuir fios gu enquiries@mullmod.org.uk ma tha sibh airson seo a chuir air dòigh

Mull Provincial Mod

The Syllabus and entry forms for the Mull Provincial Mod are available on their website


www.mullmod.org.uk

Gaelic testing will also be available at the Mod on the 10th of September

Please contact enquiries@mullmod.org.uk to arrange this

Tha a' mhòr chuid de na Mòdan Ionadail a-nis seachad
Tha sinn an dòchas gun do chòrd iad ris a h-uile duine a
bha a' gabhail pàirt

*Most of this year's Provincial Mods have now taken place.
We hope that all those taking part enjoyed themselves.*



An Comunn Gàidhealach

Mòd Obar Pheallaidh

'S e Còisir Gàidhlig Chomar nan Allt a bhunaich an dà dhuais anns na farpaisean airson còisirean inbheach; 's iad a bhunaich Cuach May Mitchell agus Frances Matheson airson Puirt-a-beul agus Duais Westcroft airson an dà òran ceithir-phàirt aca. Bhunaich an còisir Cupa Cuimhneachain Sheònaid Nic-an-t-Saoir airson na comharran a b' àirde ann an Gàidhlig. Thuirt Rhona Nic-a-Mhaoilein, stiùriche a' chòisir "tha e a' còrdadh rinn gu mòr a bhith a' gabhail pàirt ann an Obar Pheallaidh. 'S e Mòd math dha rìribh a th' ann le fairpaisich math agus càirdeas miobhaileach eadar na còisirean." 'S e Còisir Obair Pheallaidh a choisinn Cuach Clachmhor airson na comharran a b' àirde ann an ceòl.

Anns na farpaisean seinn, bhannaich Anne Bennett à Dùn Deagh ceithir duaisean airson seinn aon-neach, nam measg duais Margaret Forbes McLeish agus ann am farpaisean nam fear, bhannaich Iain Duff à Farfar trì duaisean, nam measg Cuach Bhraghaid-Albainn airson feadhainn a bhannaich roimhe.

Ann am Mòd na cloinne, bha na h-àireamhan an àirde le feadhainn a' gabhail pàirt bho na h-ionadan Gàidhlig aig Acadamaidh Bhraghaid-Albainn, Obar Pheallaidh, Bun-sgoil Goodlyburn ann am Peart, agus Bun-sgoil Whitehills ann am Farfar. Bhannaich Eubha Friseil à Whitehills sia duaisean gu lèir ann am farpaisean leughaidh, aithriseach, sgeulachd, conaltraidh agus seinn. Bha mòran chur-seachadan a' dol air adhart air an iomall airson feadhainn òga mar: sreap bhallachan, ciùird Ceilteach, bùthan-obrach agus innse sgeulachdan Albannach. Chaidh gu leòr thuca agus bha na sgoiltean a ghabh pàirt gu math toilichte.

Anns na farpaisean pìobaireachd airson òigridh, bhannaich Archie Clark à Craoibh trì duaisean: Cuach Daibhidh Hutton, Cupa Cuimhneachain Donnchadh Ceannadach agus Cupa Cuimhneachain Ernest J Clark. Anns na farpaisean fìdhleireachd airson òigridh, thuirt am brìtheamh Ann Barlow gun robh ìre nam farpais math dha rìribh agus bha i glan air a dòigh uidhear de chluicheadairean òg fhaicinn anns na farpaisean. Mhol i na buidhnean fìdhleirean airson cho beòthail agus dealasach 's a bha iad; chaidh an dà dhuais gu Bruach Tatha: Ferry Strings (fo aois 13) agus Young Fiddlers (os cionn 13).

Thuirt Màiri Stiùbhart, neach-cathrach Comataidh Mòd Siorrachd Pheart agus Aonghais, "Tha sinn air a bhith ag obair cruaidh thar na dha no trì bliadhnaichean mu dheireadh airson Gàidhlig a leasachadh am Peart agus Sgìre Aonghais agus tha sinn ar-leth toilichte le cho soirbheachail 's a bha Mòd na bliadhna seo."



An Comunn Gàidhealach

Aberfeldy Provincial Mod

Last weekend's Perthshire and Angus Provincial Mod at Aberfeldy saw Cumbernauld Gaelic Choir lift both trophies in the two senior choral competitions. Cumbernauld were the winners of the May Mitchell and Frances Matheson Quaich for their Puirt a' Beul and the Westcroft Trophy for their two four-part songs. The choir also won the Janet MacIntyre Memorial Cup for the highest marks in music. Rhona MacMillan, conductor of the Cumbernauld choir said, "We really enjoy competing here at Aberfeldy. This is an excellent Mod with great competition and tremendous friendship among the choirs". Aberfeldy and District Choir won the Cuach Clachmhor for the highest marks in Gaelic.

In the vocal music competitions, Anne Bennett of Dundee won four trophies for her solo singing including the Margaret Forbes McLeish Trophy and, in the men's competitions, John Duff from Aberfeldy lifted three trophies including the Cuach Bhraghada-Albainn for former Mod winners.

In the junior Mod, there were record number of entrants from the Gaelic Medium Classes based at Breadalebane Academy, Aberfeldy, Goodlyburn Primary School in Perth and Whitehills Primary School in Forfar. Eubha Fraser from Whitehills won a total of six trophies for a variety of competitions including reading, reciting, storytelling, conversation and singing. There were a wide range of fringe activities available for the junior competitors also such as: climbing walls, Celtic craft, workshops and Scottish storytelling sessions. All of these were very well attended and got great feedback from the schools attending.

In the junior piping competitions, Archie Clark, from Creiff, scored a hat-trick taking away the Davie Hutton Quaich, the Duncan Kennedy Memorial Cup and the Ernest J Clark memorial Cup. In the junior fiddle section, Ann Barlow, adjudicator, said that the standard of the competitions was excellent, and was delighted to see so many young players in the competitions. She commended the fiddle groups for their vibrancy and enthusiasm, with both competitions being won by groups from Broughty Ferry: Ferry Strings (under 13yrs) and Tayside Young Fiddlers (over 13yrs).

Mary Stewart, Chair of the Perthshire and Angus Mod Committee stated "We have worked hard over the last few years to continue to build up the Gaelic language and Gaelic culture in Perthshire and Angus and are delighted that this year's Provincial Mod has been such a successful occasion."



An Comunn Gàidhealach

Mòd An Eilean Sgitheanaich | *Isle of Skye Provincial Mod*



Seo agaibh dealbhan bho Mòd Ionadail An Eilean Sgitheanaich a chaidh a chumail air 3mh agus 4mh den Ògmhios am bliadhna. Tha sinn an dòchas gun do chòrd e ris a h-uile duine a ghabh pàirt.

Here are a few photos from the Isle of Skye Provincial Mod which took place on 3rd and 4th of June this year. We hope that everyone who took part enjoyed themselves.



TIDELINES



FRIDAY 2ND SEPTEMBER 2016

ISLE OF HARRIS LEVERBURGH HALL

9PM / £10

TICKETS AVAILABLE FROM:

Harris Hotel
Brownies, Tarbert
Clachan Stores



SINGLE 'FAR SIDE OF THE WORLD'
AVAILABLE ON ITUNES



TIDELINESBAND.COM
FACEBOOK.COM/WEARETIDELINES

TIDELINES



3RD SEPTEMBER 2016
STORNOWAY
CALADH INN
9PM / £10

TICKETS AVAILABLE FROM:
EVENTS, 27 NORTH BEACH STREET



SINGLE 'FAR SIDE OF THE WORLD'
AVAILABLE ON ITUNES



TIDELINESBAND.COM
FACEBOOK.COM/WEARETIDELINES

An Comunn Gàidhealach

Co-chomhairleachadh air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig

Thòisich Bòrd na Gàidhlig co-chomhairleachadh foirmeil air 1 Lùnastal air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig. Thèid an co-chomhairleachadh a chumail eadar 1 Lùnastal is 1 Samhain agus thathar a' brosnachadh dhaoine fa leth agus buidhnean bho air feadh na dùthcha freagairtean a chur a-steach. Faodar pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh le bhith tadhal air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig agus gabhar ri freagairtean tron phost no air-loidhne.


Consultation on the Statutory Guidance on Gaelic Education

Bòrd na Gàidhlig has recently launched a formal consultation on the Statutory Guidance on Gaelic Education. The consultation will run from 1 August until 1 November with individuals and organisations nationally being encouraged to respond. The consultation can be accessed by visiting the Bòrd's website with responses being invited either online or by post.

<http://www.gaidhlig.org.uk/bord/en/home/consultation/>

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, Ceann Roinn a' Chonaltraidh, Margaideachd & TF aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d steven@gaidhlig.scot no air a' fòn 07595763071.

For further information please contact Steven MacIver, Head of Communications, Marketing & IT at Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.scot or phoning 07595763071.



An Comunn Gàidhealach

Duaisean Ùra Sgrìobhadairean Dràma & Duaisean Ùra Sgrìobhadairean Dràma na Gàidhlig *New Playwrights Awards & Gaelic New Playwrights Awards*

Tha Duaisean Ùra Sgrìobhadairean Dràma na chothrom brosnachail do chòignear sgrìobhadairean dràma a tha tràth nan dreuchd, a' fuireach ann an Alba, le fìor dhealas sgrìobhaidh airson theatar.

Thathar air leth toilichte gum bi **Comhairle nan Leabhraichean** a' leantainn le cur taic ri aon de na **Duaisean airson sgrìobhadair dràma Gàidhlig ùr**. Bidh aire shònraichte ga thoirt cuideachd do sgrìobhadairean dràma a' sgrìobhadh ann an Albais ach chan urrainnear duais a bharantachadh.

Bidh Stiuidio Dhràmadaichean Alba ag obrachadh le còignear sgrìobhadairean ùra, mar sin a' toirt ùine, àite, sùbailteachd agus taic ionmhasail dhaibh gus an cuid obrach a leasachadh agus cuideachadh le adhartachadh an dreuchdan-beatha tro bhith a' cuimseachadh air sgrìobt shònraichte.

'S e Marcas Mac an Tuairneir an Sgrìobhadair Dràma Ùra aca agus tha e a' faighinn taic bho Alison Lang.

The New Playwrights Awards are an exciting opportunity for five early career playwrights living in Scotland with a genuine commitment to writing for the theatre.

*We are delighted that **Comhairle nan Leabhraichean (The Gaelic Books Council)** will continue to support one of the Awards for a new Gaelic playwright. Special attention will also be given to playwrights writing in Scots but an award cannot be guaranteed.*

Playwrights' Studio, Scotland will work with five new writers giving them the time, space, flexibility and financial support to develop their work and help further their careers by focusing on a particular script.

Ceann-latha: 5.00f, Diluain 3 Dàmhair 2016
Deadline: 5pm on Monday 3 October 2016



An Comunn Gàidhealach

Care for a Cèilidh

Chìthear gu h-ìosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheireadh a chaidh a chumail le
Care for a Cèilidh. Taing mhòr dhuibh uile.

Below are a selection of photographs taken at the most recent Care for a Cèilidh events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>



Tha An Lòchran a' sireadh pìosan dhràma bhon choimhearsnachd!

Callout for Gaelic drama from Glasgow Community Groups!

an Lòchran

Tha An Lòchran a' sireadh pìosan dhràma bho bhuidhnean choimhearsnachd ann an Glaschu airson taisbeanadh dràma anns an t-Samhain 2016

An Lòchran are seeking Gaelic drama pieces from groups in Glasgow for a community showcase in November 2016

Suas ri 20 mionaidean Cuspair sam bith Anns a' Ghàidhlig

Up to 20 minutes Any Subject In Gaelic

'S urrainn do An Lòchran tabhartasan suas ri **£100** a thoirt seachad airson aodach/props m.s.a.a.

An Lòchran can give small grants of up to **£100** towards costs of props, costumes etc.

A bheil ùidh agaibh? Cuir fios thugainn aig shona@anlochran.com

Are you interested? Get in touch at shona@anlochran.com

An Comunn Gàidhealach

Dundee Gaelic Musical Association

Còisir Gàidhlig Dhun Dè

Tha sinn a' sireadh stiùiriche-ciùil a bheir air adhart an còisir gàsta agus dìleas seo. Tha an còisir as aonais stiùiriche-ciùil, bho thàinig air an stiùiriche mu dheireadh falbh airson adhbharan pearsanta.

